



GÈAM - CÀIT A BHEIL MÀIRI?

- Nuair a tha an clas air seatlaigeadh, faighnich dhaibh càit a bheil Màiri (no ainm air choreigin nach eil air duine sa chlas no a bu chòir a bhith sa chlas).
- Aig an toiseach, faighnichidh iad uile cò Màiri: “Chan eil Màiri anns a’ chlas seo, Màiri NicLeòid” agus rudan mar sin. Faodaidh an tidsear gnothaichean a thoirt air adhart – “Màiri – Màiri bheag, le falt bàn, à Stafainn...” agus beag air bheag, tuigidh iad nach eil a leithid de neach ann agus leanaidh iad orra a’ cruthachadh a’ charactair nach eil ann. Càit a bheil i/e, cò ris a tha e/i coltach, dè thachair dha/dhi?
- Faodaidh rudeigin mar seo a bhith shuas air a’ bhòrd-ghéal fhad ’s a tha an gèam a’ dol air adhart.
- Faodaidh an tidsear innse dhaibh gu bheil iad air caractar ùr a chruthachadh gun dragh sam bith agus gu bheil seo mar eisimpleir air mar a thèid caractar a chruthachadh ann an sgrìobhadh cruthachail – beag air bheag, ga shealltainn don leughadair.

